

# An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

*An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 2 (which corresponds to Litir 306). Ruairidh would welcome feedback on An Litir Bheag from listeners/readers. He can be contacted at [rodgy.maclean@bbc.co.uk](mailto:rodgy.maclean@bbc.co.uk).*

Bha Iain Dubh Mac Dhòmhnail 'ic Iain a' fuireach ann an Astràilia. Bha e a' fuireach ann am Brisbane. Ach chaidh e fhèin is a bhean air turas a dh'Alba. Chaidh iad gu sgìre Gheàrrloch. Bha buinteanas aca do sgìre Gheàrrloch.

Nuair a bha iad ann an Geàrrloch, fhuair iad cuireadh fuireach còmhla ri càraid anns an sgìre. B' iad sin Coinneach Cemp agus a bhean, Ceit Eilidh.

Air a' chiad oidhche ann an taigh Mhic Chemp, ge-tà, dh'fhàs Iain tinn. Thàinig fuachd air. Droch fuachd. Cha robh e gu math idir. Cha robh an t-acras air. Cha robh càil aige airson bracaist. Cha robh e sona. Chuir Ceit Eilidh gu leabaidh e. Chuir i plangaidean air, agus thug i brochan dha. Bobhla mòr de bhrochan.

A bheil fios agaibh dè tha ann am brochan? Ann an cuid de dh'àiteachan tha e a' ciallachadh "porridge". Ach, anns a' cheann a tuath, mar as trice, 's e *lite* no *lit'* a chanas daoine ri porridge. Ann an Geàrrloch, canaidh iad *lit'*. Tha brochan a' ciallachadh dìreach min-choirce le uisge teth ann. No *thin gruel* ann am Beurla.

Ach 's e brochan math a bh' ann. Oir, an ath-mhadainn, bha Iain slàn fallain a-rithist. Thuirt e gur e am brochan a rinn an leigheas air. Agus sgrìobh e òran mu dheidhinn. Seo an t-sèist:

*Brochan bean Mhic Chemp, a' bhean àlainn chòir,  
Chuir e fuachd gun dàil dhìom, 's tha mi slàn gu leòr,  
Brochan bean Mhic Chemp, a' bhean àlainn chòir.*

Canaidh mi a-rithist e,

*Brochan bean Mhic Chemp, a' bhean àlainn chòir,  
Chuir e fuachd gun dàil dhìom, 's tha mi slàn gu leòr,  
Brochan bean Mhic Chemp, a' bhean àlainn chòir.*

Ged a tha brochan a' ciallachadh *gruel*, no *porridge*, tha e cuideachd a' ciallachadh rudeigin nach bi sibh ag ithe. Tha brochan

cuideachd a' ciallachadh "mess". Canaidh daoine "rinn e brochan dheth" airson "he made a mess of it". Ach cha do rinn bean Mhic Chemp brochan dhen bhrochan! Agus cha do rinn Iain Dubh brochan dhen òran!

Ann an Geàrrloch ma tha talamh uabhasach fliuch, canaidh na daoine, "tha e cho fliuch, tha e coltach ri poit lit'." Tha e cho fliuch, tha e coltach ri poit lit'. 'S e stuth math a th' ann an lite, nach e? Ach feumaidh e a bhith fliuch. Feumaidh sibh uisge gu leòr a chur ann. Feumaidh sibh salann gu leòr a chur ann. Agus feumaidh sibh a chur mun cuairt le spàin fiodha. Mura dèan sibh sin, 's dòcha gun dèan sibh brochan dheth!

\* \* \* \* \*

**Faclan is abairtean:** Iain Dubh Mac Dhòmhnail 'ic Iain: *black (haired) John, son of Donald, son of John*; bha X a' fuireach ann an Astràilia: *X was living in Australia*; chaidh e fhèin is a bhean air turas: *he and his wife went on a journey*; bha buinteanas aca do sgìre Gheàrrloch: *they belonged to the Gairloch area*; fhuair iad cuireadh: *they got an invitation*; fuireach còmhla ri càraid: *to stay with a couple*; Coinneach Cemp agus a bhean, Ceit Eilidh: *Kenneth Kemp and his wife Kate Eilidh*; dh'fhàs Iain tinn: *John got (grew) sick*; thàinig fuachd air: *he developed a cold*; cha robh càil aige airson bracaist: *he had nothing for breakfast*; chuir X gu leabaidh e: *X put him to bed*; plangaidean: *blankets*; bobhla mòr de bhrochan: *a big bowl of thin gruel*; anns a' cheann a tuath, mar as trice: *in the north, usually*; ann an Geàrrloch, canaidh iad: *in Gairloch, they say*; min-choirce le uisge teth: *oatmeal with hot water*; an ath-mhadainn, bha Iain slàn fallain a-rithist: *the next morning, John was fit and healthy again*; a' bhean àlainn chòir: *the beautiful and generous woman*; chuir e fuachd gun dàil dhìom: *it put the cold from me without delay (dhìom is the prepositional pronoun formed from de and mi)*; canaidh mi a-rithist e: *I will say it again*; tha e cuideachd a' ciallachadh: *it also means*; rudeigin nach bi sibh ag ithe: *something you will not [be] eat[ing]*; cha do rinn X brochan dhen bhrochan: *X didn't make a mess of the brochan*; tha e coltach ri poit lit': *it is like a pot of porridge*; 's e stuth math a th' ann an lite: *porridge is good stuff*; feumaidh sibh uisge gu leòr a chur ann: *you must put enough water in it*; feumaidh sibh a chur mun cuairt le spàin fiodha: *you must stir [put around] it with a wooden spoon*; 's dòcha gun dèan sibh brochan dheth: *perhaps you will make a mess of it*.